



Co-là-breith Mhata Mhòir



Dee Reid • Gwyneth Williamson



Seo Mata Mòr.

'S e fuamhaire a th' ann.

Tha e a' fuireach ann an taigh mòr
le uinneagan mòra agus doras mòr.

'S e co-là-breith Mhata Mhòir a th' ann.

Thàinig a' chlann.

Bha slaman-milis mòr buidhe aca.


“Rinn sinn slaman-milis dhut.

A bheil e ro mhòr?”

“Chan eil,” thuirt Mata Mòr,



**Tha an
t-acras orm**




Thàinig clann eile.

Bha ceapaire mòr aca.


“Rinn sinn ceapaire dhut.

A bheil e ro mhòr?”

“Chan eil,” thuirt Mata Mòr,



Tha an
t-acras orm



Thàinig clann eile.

Bha bodach mòr aran-cridhe aca.


“Rinn sinn bodach mòr aran-cridhe dhut.

A bheil e ro mhòr?”

“Chan eil,” thuirt Mata Mòr,



Tha an t-acras orm



Rinn iad pàrtaidh.

Thuirt Mata Mòr, “Rinn mi cèic mhòr dhuibh.

A bheil i ro mhòr?”

Rinn a’ chlann gàire agus thuirt iad

“Chan eil, tha an t-acras oirnn.”

